




An Leòmhann agus an Luchag



Air ath-innse le Diana Bentley . Na dealbhan le Cathy Baxter



Uair bha siud bha leòmhann mòr agus
luchag bheag ann.

Aon là chunnaic an luchag bheag an
leòmhann na shìneadh anns a' choille.



Chunnaic an leòmhan an luchag bheag.

Rug e air an luchag bhig le spòig.

“Na ith mi,” thuirt an luchag.


“Aon là, ’s dòcha gun cuidich mi thu.”

Rinn an leòmhan gàire ach leig e às an luchag bheag.

“Tha thu ro bheag,” thuirt an leòmhan.

“Dè nì thusa dhòmhsa?”

Ach thuirt an luchag bheag,




Cuidichidh mi thu

An ath là chaidh an leòmhann a ghlacadh ann
an lìon.

“Cuidich mi,” thuirt an leòmhann.

Thàinig muncaidh agus thuirt e,






Cuidichidh mi thu

Dh'fheuch am muncaidh ri chuideachadh.

Ach cha b' urrainn dha.

“Cuidich mi, cuidich mi,” thuirt an
leòmhann.

Thàinig nathair agus thuirt i,





Cuidichidh mi thu


Dh'fheuch an nathair ri chuideachadh.

Ach cha b' urrainn dhi.

“Cuidich mi, cuidich mi,” thuirt an
leòmhann.

Chuala ailbhean an leòmhann.

Thàinig an t-ailbhean agus thuirt e,





Cuidichidh mi thu

Dh'fheuch an t-aibhean ri chuideachadh.


Ach cha b' urrainn dha.

“Cuidich mi, cuidich mi,” thuirt an leòmhan.

Chuala an luchag bheag an leòmhan.

Thàinig an luchag bheag agus thuirt i,





Cuidichidh mi thu

Chagainn an luchag bheag na ròpan.

Bhrist na ròpan agus fhuair an

leòmhan às.

“Tapadh leat,” thuir an leòmhan.

“Tha thu beag ach chuidich thu mi.”

Rinn an luchag bheag gàire agus thuir i,

Chuidich.

